

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	9
Àir. Aithisge	G/22/25

Comataidh: Gàidhlig

Ceann-latha: 19 Samhain 2025

Tìotal Aithisge: Aithisg Adhartais Gàidhlig 1+2

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gníomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisg seo cunntas às ùr a thoirt seachad mu phrìomh leasachaidhean ann am Foghlam Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh 1+2 air feadh na Gàidhealtachd, le fòcas sònraichte air gnìomhan ro-innleachdail a tha air an co-thaobhadh ri Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig.

Tha an aithisg a' sealltainn adhartas le pròiseact Gàidhlig 1+2 gu ruige seo, le leasachadh leantainneach nan Leasan Beò air-loidhne, a' toirt taic do sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd gus a' Ghàidhlig a libhrigeadh an dàrna cuid mar chànan C2 no C3.

1.2 Tha an aithisg seo cuideachd a' toirt cunntas às ùr bho phrògram Acadamaidh a' Mhòid a tha air a libhrigeadh le Fèisean nan Gàidheal, agus a tha a' toirt taic do bhun-sgoiltean ann an sgìre Loch Abar tro leasan stèidhichte sa chlas mu chànan, cheòl is chultar na Gàidhlig. Tha na seiseanan ag amas air barrachd sgoilearan a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail anns a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail am-bliadhna, tro bhith a' togail misneachd ann a bhith a' taisbeanadh sa Ghàidhlig.

1.3 Tha an aithisg seo cuideachd a' toirt cunntas às ùr bho phrògram Blasad, a tha air a libhrigeadh le Fèisgoil, a tha a' toirt taic do libhrigeadh Gàidhlig 1+2 tro shreath de leasan stèidhichte sa chlas ann an sgoiltean thar Chataibh is Ghallaibh nach robh roimhe a' tabhann Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Tha na seiseanan seo ag amas air ùidh a leasachadh ann an ionnsachadh Gàidhlig tro òrain is gheamaichean a bheir cothrom dhan sgoil tuilleadh adhartais a dhèanamh le ionnsachadh Gàidhlig.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- toirt fa-near dhan leasachadh leantainneach a thaobh taic do Ghàidhlig 1+2 air feadh an ùghdarrais;
- toirt fa-near dhan adhartas a rinneadh le Acadamaidh a' Mhòid gu ruige a bhith a' toirt taic do sgoilearan agus sgoiltean ann an Loch Abar len cuid

ionnsachaidh Gàidhlig agus meudachadh a thoirt air na tha a' gabhail pàirt ann am farpaisean luchd-ionnsachaidh Gàidhlig aig Mòd Nàiseanta Rìoghail 2025; agus

- iii. toirt fa-near dhan adhartas a thathar a' dèanamh le leasan clasa Blasad gus a' Ghàidhlig a leasachadh ann an sgoiltean Chataibh is Ghallaibh agus cuideachadh ann a bhith a' coileanadh na targaid de 70% de bhun-sgoiltean a tha a' libhrigeadh na Gàidhlig mar chànan C2 no C3.

3. Builean

- 3.1 Goireas – Airson na bliadhna ionmhasail 2025/26, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas Tabhartas Sonràichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.3M mu choinneimh caiteachas ro-mheasta de £8.3M agus chaidh £940,000 fhaotainn. Tha am maoineachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro TSG a' toirt taic luachmhor seachad airson raon farsaing phròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle gus na gealltanasan aice a libhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig agus tha a' mhòr-chuid a' dol ri libhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, bidh buidseat na Gàidhlig cuideachd a' gleidheadh maoineachadh a bharrachd tro thagraidhean airson pròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG).
- 3.2 Laghail – Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar dhleastanas reachdail air ùghdarrasan foghlaim air fad brosnachadh agus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.
- 3.3 Cunnart – Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) – Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd a' tighinn am bàrr on aithisg seo.
- 3.5 Gàidhlig – Tha an aithisg a' cur ri leasachadh foghlam Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a' cur taic ri buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

4. Buaidhean

- 4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.
- 4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.
- 4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Cunntas às Ùr mu Ghàidhlig 1+2

5.1 Targaidean Pròiseict 3:

Is iad na Prìomhachasan Ro-innleachdail ann am PG Chomhairle na Gàidhealtachd:

- libhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach libhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70%* de bhun-sgoiltean a' solarachadh na Gàidhlig mar C2 is C3 gus solar na Gàidhlig àrdachadh air feadh an ùghdarrais. *Tha an ceudad seo a' buntainn ri sgoiltean Foghlam tron Bheurla (FtB), a' gabhail a-steach FtB taobh a-staigh sgoil FtG, a tha a' tabhann Gàidhlig mar chànan C2 no C3 a bharrachd.
- leudaich libhrigeadh FtG le barrachd libhrigidh a thaobh chuspairean àrd-sgoile, sgoiltean ùra le Gàidhlig a-mhàin a chruthachadh agus solar ùr tràth-ionnsachaidh, bun-sgoile is àrd-sgoile.

Airson taic a thoirt do phrìomhachasan ro-innleachdail PG ann am foghlam Gàidhlig, tha na builean a leanas air am planadh airson 25/26 a thaobh Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig.

6. Cunntas às Ùr Oifigear Taic Gàidhlig 1+2

6.1

- A' leantainn air adhart a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail eile taobh a-staigh Caidreachas a' Chinn a Tuath agus air feadh Alba tro bhith ag obair gu dlùth le Oifigear Leasachaidh Gàidhlig 1+2 ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, gus na thathar a' tabhann a thaobh Gàidhlig a cho-roinn air feadh Alba.
- A' toirt seachad taic is leasachadh a thaobh curraicealam Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh 1+2 tro bhith mar phàirt de Chearcall Leasachaidh a' Churraicealaim airson FLI, air a stiùireadh le Foghlam Alba.
- A' cur air dòigh latha trànaidh in-sheirbheis do thidsearan FLI àrd-sgoile. Chaidh seo a chumail aig oifisean na Comhairle ann an Inbhir Pheofharain agus bha 13 luchd-cleachdaidh an làthair aghaidh-ri-aghaidh is air-loidhne. Bha taisbeanaidhean air an libhrigeadh cuideachd le Foghlam Alba, Stòrlann, BBC Bitesize agus feadhainn eile.
- A' toirt taic do sgoiltean le ceistean sònraichte 1+2 a thaobh na dòigh as fheàrr gus taic a thoirt dhan sgoil aca. A' cur air adhart Leasan Beò agus trànanadh airson seiseanan *twilight*, a bharrachd air modalan fèin-ionnsachaidh.
- A' taisbeanadh aig Latha In-sheirbheis Luchd-probhaidh Chomhairle na Gàidhealtachd san Lùnastal 2025, a' toirt seachad foir-shealladh dhen Ghàidhlig agus iomairt 1+2, a' sanasachd nan roghainnean taic a tha rim faotainn airson Gàidhlig a libhrigeadh mar chànan a bharrachd.
- A' leantainn air adhart a' toirt taic do Sgioba na Gàidhlig tro bhith ag obair còmhla ri buill sgioba mar a tha a dhìth airson diofar eileamaidean pròiseict, a leithid Acadamaidh a' Mhòid, Blasad Gàidhlig agus pròiseact Ath-dhealbhachadh Lìn Chomhairle na Gàidhealtachd.
- A' cruinneachadh Naidheachdan Matha agus a' cruthachadh nam bhidiothan air thoiseach air coinneamhan Comataidh.
- A' cur ri agus a' cur ri chèile aithisgean adhartais is ùrachaidh airson maoineachadh agus aithris comataidh.
- A' toirt taic dhìreach do sgoiltean (leantainneach):
 - Àrd-Sgoil Ghlinn Urchadain
Lean air adhart a' teagasg sgoilearan FtG ÀS3 is ÀS4 san sgoil. 'S e seo a' chiad bhliadhna a bhios sgoilearan air Teisteanasan Nàiseanta Gàidhlig a

shuidhe san sgoil seo. Tha 1x ÀS4 a' suidhe Nàiseanta 4 Gàidhlig agus tha 2x ÀS4 a' suidhe Nàiseanta 5 Gàidhlig.

- Acadamaidh Dhòrnaich
A' toirt taic do sgoilear ÀS4 a tha a' suidhe Nàiseanta 5 Gàidhlig am-bliadhna. Tha teagasg air a libhrigeadh uair san t-seachdain air-loidhne agus tha obair fèin-ionnsachaidh air ullachadh tro Google Classroom airson a crìochnachadh nuair a tha Gàidhlig air a' chlàr-ama.
- Àrd-Sgoil Cheann Loch Lìobhann
A' toirt taic do na clasaichean luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ÀS1 is ÀS2 aca air-loidhne. Air sàillibh dhuilgheadasan le bhith a' lorg còmhach, dh'iarr an sgoil taic gu àm na Càisge.

6.2 Leasan Beò C3 1+2

- Ag amas air sgoiltean nach eil aig an àm seo a' libhrigeadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd agus sgoiltean a tha, ach aig a bheil tidsearan ùra a tha feumach air taic gus a' Ghàidhlig a libhrigeadh mar C3.
- A' toirt taic do thidsearan le bhith a' teagasg sa Ghàidhlig, ag amas air am misneachd a thogail gus an urrainn dhaibh an uair sin an gnìomh ionnsachaidh a libhrigeadh dhan chlas aca. Tha seo a' toirt cothrom ionnsachadh a dhaingneachadh barrachd às dèidh nan leasan a tha air an stiùireadh le tidsear a' chlasa.
- A' toirt stiùir gu goireasan a bharrachd a tha air an cruthachadh le Comhairle na Gàidhealtachd: modalan Gàidhlig 1+2, Dùbhlain GLEANS agus goireas Hub Didseatach na Gàidhealtachd. Tha taic a bharrachd aig sgoiltean gus leantainn air adhart a' libhrigeadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd.

6.3 Trèanadh Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd 1+2:

A' toirt àrdachadh air an àireimh de thidsearan as urrainn Gàidhlig a libhrigeadh mar chànan a bharrachd sa chlas, tro bhith:

- a' comharrachadh nan goireasan ionnsachaidh a tha rim faotainn air-loidhne taobh a-staigh modailean Caidreachas a' Chinn a Tuath.
- a' brosnachadh com-pàirteachadh sna Leasan Beò mar ath cheum.
- a' togail misneachd ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' toirt cothroman do thidsearan ann an sgoiltean Gàidhlig C3 no sgoiltean eile eòlas a chur air a' bhriathrachas is air na structaran sa ghoireas Go!Gaelic.
- a' toirt cothroman seachad a thaobh a bhith a' labhairt briathrachas is abairtean taobh a-staigh na buidhne agus ceistean sam bith fhaighneachd.

6.4 Cunntas às Ùr mu 1+2:

Bho dheireadh na ràith mu dheireadh chaidh prògram ùr de chothroman Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd airson Gàidhlig 1+2 a chruthachadh airson seisean 2025/26. Tha an sanas gu h-ìosal a' mìneachadh nan cothroman seo, a tha air an libhrigeadh ann an co-bhann leis an Oifigear Ghàidhlig 1+2 bho Earra-Ghàidheal is Bòd.


Tha Leasan Beò gan tabhann do sgoiltean uile a tha a' teagasg no airson a bhith a' teagasg Gàidhlig mar chànan C3. Tha na seiseanan eadar-obrachail air-loidhne seo, a tha air an cumail tro Teams, air an stèidheachadh an dàrna cuid aig ìre Luchd-

tòiseachaidh (ìre 1) no ìre Leudachaidh (ìre 2), agus tha seo a' toirt cothrom airson adhartas bho ìrean 1 gu 2 thairis air a' bhliadhna. Bidh na clasaichean Luchd-tòiseachaidh agus Leudachaidh a' ruith dà uair sa bhliadhna agus thathar gan cumail dà uair san t-seachdain airson dèanamh cinnteach gum bi cothroman ann a thaobh clàr-ama sgoile.

'S ann airson tidsearan a tha airson eòlas a chur air a' ghoireas Go!Gaelic agus leis an eòlas-theagaisg a tha air cùl 1+2 a tha an cùrsa ionnsachadh cànan Twilight Gàidhlig. Tha an cùrsa 12 seachdain seo a' toirt thidsearan tron bhriathrachas is tro na structaran a tha a dhith airson nan cuspairean Gàidhlig. Tha seiseanan 1–6 gan dèanamh ann an teirm 1 agus tha seiseanan 7–12 gan dèanamh ann an teirm 3.

Faodaidh tidsearan pàirt a ghabhail san dà earrainn ma thogras iad agus tha feadhainn a tha air an cuid ionnsachaidh sna seiseanan twilight a dhaingneachadh leis na leasan beò air innse gu bheil seo air a bhith buannachdail.

A bharrachd, am-bliadhna bidh sinn a' tabhann 3 leasan fa leth beò air-loidhne air “Anns a' Chlas”, “An Nollaig” agus “Ainmean-àite Gàidhlig”. Tha iad seo freagarrach do chlasaichean le beagan Gàidhlig, no gun Ghàidhlig idir.



6.5 Bho thoiseach na teirme, tha a' chiad chùrsa Leasan Beò aig ìre luchd-tòiseachaidh air tòiseachadh, a bharrachd air a' chiad phàirt dhen chùrsa Ionnsachadh Gàidhlig. Is iad àireamhan nan tidsearan ùra a tha a' frithealadh gu ruige seo:

Leasan Beò Luchd-ionnsachaidh – 14

Cùrsa Ionnsachadh Cànan Gàidhlig – 11

	DEIREADH 19/20	DEIREADH 20/21	DEIREADH 21/22	DEIREADH 22/23	DEIREADH 23/24	DEIREADH 24/25	SULTAIN 25/26
Deas	25	4			9	4	
Meadhan	9	1	1		3		
Siar	28	2	2	3	8	3	
Tuath	9	3	1		2	5	
Twilights T		10	4	3	22	12	11
Iomlan na Bliadhna Roimhe	71	81	85	85	113	162	197
Iomlan Leasan Beò				25	27	23	14
Iomlan Bliadhnail				113	162	197	222

Mar thoradh, tha an àireamh de sgoiltean ùra a’ gabhail ri Gàidhlig mar C3 cuideachd air meudachadh:

Dàta 2024/2025

Sgìre	C2	C3	Eile	Iomlan Bun-sgoile	Solar mar %
Meadhan	4	6	23	33	30%
Tuath	3	9	19	30	40%
Deas	0	24	26	50	48%
Siar	27	21	6	54	89%

Dàta 2025/2026 gu ruige seo

Sgìre	C2	C3	Eile	Iomlan Bun-sgoile	Solar mar %
Meadhan	4	8	21	33	36%
Tuath	3	10	18	30	43%
Deas	0	26	24	50	52%
Siar	27	21	6	54	89%

7. Aithisg Ùrachaidh Acadamaidh a' Mhòid

- 7.1 Tha Fèisgoil, seirbheis foghlaim foirmeil Fèisean nan Gàidheal, air a bhith a' libhrigeadh Acadamaidh a' Mhòid airson a' Chomuinn Ghàidhealaich, le maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd agus An Comunn Gàidhealach.

Eadar am Màrt agus an Dàmhair 2025, ghabh 20 sgoil pàirt ann an iomairt Acadamaidh a' Mhòid agus chaidh an teagasg le sgioba de shianar oidean Fèisgoil. Tron chiad earrainn, chaidh seiseanan de chlasaichean slàna a libhrigeadh gus am biodh cothrom aig a' chloinn air fad sna sgoiltean òrain Ghàidhlig ionnsachadh. Fhad 's a bha am Mòd a' tighinn na b' fhaighe, bha oidean an uair sin a' cumail aire air a' chloinn a bha airson farpais. Chaidh 473 seiseanan a libhrigeadh uile gu lèir le 464 leanabh a' gabhail pàirt. Dhiubh seo, tha còrr is 200 an dùil pàirt a ghabhail sa Mhòd, an dàrna cuid ann am farpaisean aon neach no mar phàirt de bhuidhinn.

Tha na sgoiltean a leanas a' gabhail pàirt, agus tha an fheadhainn ann an clò trom a' gabhail a-steach clann a tha a' farpais san Dàmhair agus an fheadhainn ann an clò Eadailteach a' farpais air-loidhne:

Àth Tharracail

Àrd-Sgoil Àird nam Murchan

Baile a' Chaolais

Banbhaidh

Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar

Dùrar

Eige

Inbhir Gharadh

Àrd-Sgoil Cheann Loch Liobhann

Bun-Sgoil Cheann Loch Liobhann

Àrd-Sgoil Loch Abar

Loch Àlainn

Lunn Dà Bhrà

Àrd-Sgoil Mhalaig

Bun-Sgoil Mhalaig

Eilean nam Muc

Rùm

Drochaid Aonachain

Bun-Sgoil Bhrighde

Sròn an t-Sìthein

7.2 Puingeann inntinneach a bharrachd:

1. Bha oidean ag aithris gun robh deagh chom-pàirteachadh ann bho luchd-obrach agus clann sgoile air feadh sgìre Loch Abar.
2. Tha Fèisean nan Gàidheal airson aithne a thoirt dhan taic a tha Iain Robasdan a' tabhann às leth Meur Loch Abar.
3. Thathar a' tuigsinn gun robh cuid de sgoiltean an lùib a' Mhòid airson a' chiad uair ann an iomadh bliadhna, gu h-àraid feadhainn ann an sgìre Bhaile a' Chaolais.
4. Tha 9 sgoilearan aig Àrd-Sgoil Loch Abar a' gabhail pàirt ann am farpaisean aon neach agus mar thoradh air obair Acadamaidh a' Mhòd agus obair Roinn na Gàidhlig, tha iad cuideachd air 17 oileanaich àrd-sgoile a bhrosnachadh gus còisir a chur air bhonn airson an tachartais Moladh Ceilteach agus thathar

an dòchas gun tig tuilleadh leasachaidh air seinn còisir sna mìosan agus sna bliadhnaichean air thoiseach.

5. Bha cuid de sgoiltean ann nach robh a' farpais ach aig an robh ùidh mhòr ann a bhith ag ionnsachadh nan òran tron chiad earrann libhrigidh. Tha na sgoiltean seo uile ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd agus bha iad taingeil airson na taic.

8. Fèisgoil – Sgoiltean Ceann a Tuath na Gàidhealtachd

Tha Fèisgoil aig Fèisean nan Gàidheal a' libhrigeadh sheirbheisean cànan, ciùil, ealain is cultair do sgoiltean, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach is buidhnean coimhearsnachd air feadh Alba. Tha eisimpleirean de na seirbheisean a bhios sinn a' tabhann a' gabhail a-steach:

- Seiseanan Gàidhlig ann am bun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig ga teagasg mar chànan a bharrachd (C1+2)
- Tursan gu làraich is togalaichean eachdraidheil
- Clasaichean ciùil is òran ann an sgoiltean
- Làithean blasad Gàidhlig
- Tursan is bùithtean-obrach dràma Gàidhlig
- Seiseanan cànan eadar-ghinealaich gus Gàidhlig nan sgoilearan a neartachadh
- Cleasan air an libhrigeadh tron Ghàidhlig aig Fèisean agus tachartasan coimhearsnachd.

Chaidh Fèisgoil a thaghadh gus na seiseanan Blasaid a libhrigeadh do sgoiltean ann an Cataibh is Gallaibh seach gur iad an aon solaraiche de sheiseanan sa chlas a tha a' co-thaobhadh ri curraicealam 1+2. Gus ceangal ceart a thogail le sgoiltean nach eil a' tabhann Gàidhlig mar chànan 1+2, bha sinn a' faireachdainn gun robh e riatanach gum biodh oide sa chlas airson obrachadh còmhla ri sgoilearan is tidsearan. Tro bhith a' cleachdadh Fèisgoil san dòigh seo, is urrainn dhuinn àireamhan de sgoiltean a tha a' libhrigeadh Gàidhlig a mheudachadh agus taic a chur ri buil ro-innleachdail a' Phlana Ghàidhlig de 70% de bhun-sgoiltean a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd.

Thathar an dòchas, tro bhith a' cleachdadh Fèisgoil, gun urrainn dhuinn an ceudad de sgoiltean sa Cheann a Tuath a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar chànan C2 no C3, àrdachadh bho 43% gu 83%.

- 8.1 **Blasad Gàidhlig aig Tuath** – obair-ullachaidh is libhrigeadh do Chomhairle na Gàidhealtachd bho sheirbheis foghlaim foirmeil Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil, de sheiseanan taic Gàidhlig do sgoiltean far a bheil clann ag ionnsachadh Gàidhlig mar chànan a bharrachd.

Cosgais: £17,213 air a mhaoineachadh tro dhuais Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba.

Frèam-ama: Thòisich obair-ullachaidh sa Ghiblean 2025 le libhrigeadh a' tòiseachadh tràth san t-Sultain, mun aon àm ri cur air bhog Fèis Bhlas. Tha na seiseanan air an sgaoileadh a-mach eadar tràth san t-Sultain agus meadhan na Dùbhlachd 2025.

Sgoiltean a' gabhail pàirt: A' biathadh a-steach do 7 àrd-sgoiltean: Àrd-Sgoil Inbhir Theòrsa, Acadamaidh Dhòrnaich, Àrd-Sgoil Inbhir Ùige, Àrd-Sgoil Cheann Loch

Biorbhaidh, Àrd-Sgoil Ullapuil, Acadamaidh Bhaile Dhubhthaich, agus Àrd-Sgoil Ghoillspidh.

Is iad na **18 bun-sgoiltean** a tha a' gabhail pàirt:

- Crossroads
- Hàcraig
- Meadhrath
- Dòrnach
- Pàirc a' Bhaile Ùir
- Cèis
- Bàghar
- Thrumster
- Ceann Loch Biorbhaidh
- Sgobhairigh
- Diùranais
- Aichilidh Bhuidhe
- Leth-Chlamhaig
- Drochaid a' Bhannath
- Goillspidh
- Sgìre Raoird
- Brùra
- Bun Ilidh

Àireamh de sheiseanan, clann agus luchd-obrach sgoile a tha gu dìreach an sàs: Thathar an dùil gum bi **176** seiseanan air an lìbhrigeadh tron t-sreath **Blasad Gàidhlig aig Tuath** agus tha sinn an dùil gum bi **còrr is 350** leanabh aois bun-sgoile, a' mhòr-chuid dhiubh san dàrna ìre, air pàirt a ghabhail sna seiseanan seachdaineach. Bidh co-dhiù **24 neach-obrach** air a bhith gu dìreach an sàs sna seiseanan adhartach gach seachdain, le cothrom pàirt a ghabhail mar luchd-ionnsachaidh cuide ris a' chloinn sna clasaichean aca.

Oidean: bidh ullachadh is lìbhrigeadh nan seiseanan air obair chunbhalach a thoirt do **5 oidean Fèisgoil**, a' cuideachadh gus leigeil leotha fuireach is obair fhaighinn gu h-ionadail.

Stuth a thathar a' còmhach: Thathar a' brosnachadh oidean Fèisgoil a bhith a' leantainn nam planaichean leasain adhartach Blasad Gàidhlig, a tha air an cur ri chèile le Fèisgoil, agus tha còrr is 70 leasan adhartach rim faotainn. Tha cuspairean ionnsachaidh air an ceangal ri òrain is geamaichean a tha a' buntainn ris na cuspairean sònraichte a thathar a' teagasg aig gach àm, agus tha foir-sheallaidhean cànan is leasain rim faotainn do thidsearan clasa mar thaic a bharrachd.

8.2 **Puingean inntinneach a bharrachd:**

Aig an àm a thathar a' sgrìobhadh na h-aithisg seo, chan eil cuid de sgoiltean air na seiseanan aca a thòiseachadh fhathast agus mar sin chan eilear air fios air ais a shireadh fhathast bho oidean is sgoiltean. Ach, às dèidh seiseanan tràth san t-sreath, chaidh am fios air ais a leanas fhaotainn bho oide:

“Bha mi beagan nearbhasach gun dìochuimhnichheadh a' chlann na rinn sinn roimhe air sgàth nan làithean in-sheirbheis an t-seachdain sa chaidh... ach an-dè, cho luath

's a chunnaic iad mi, thàinig iad thugam gus, "Madainn mhath!" a ràdh anns a' Ghàidhlig, gun fhacal Beurla eadarainn! Bha cuid an uair sin fiù 's a' faighneachd "Dè an t-ainm a th' ort?" mus do thòisich mise a' bruidhinn! Nach mi a bha moiteil asta! Aig deireadh an leasain, bha an tidsear a' beachdachadh air iomadh diofar dhòigh a b' urrainn dhaibh na h-àireamhan a chleachdadh tron t-seachdain... a-rèir coltais, tha a' Ghàidhlig spòrsail agus inntinneach dhaibh mar-thà, 's tha e a' còrdadh riutha a bhith ga h-ionnsachadh – abair deagh thoiseach!"

"I was a little nervous that the children would have forgotten what we did the first week as they had a week off in between due to in-service, but yesterday, as soon as they saw me they approached me and said "Good morning!" in Gaelic, without a word of English from any of them! One of them then even asked me (in Gaelic) "What's your name?" before I had even begun speaking! Wasn't I so proud of them! At the end of the lesson, the teacher was thinking up all sorts of different ways they could be using Gaelic numbers throughout the coming week...apparently, Gaelic is already fun and interesting to them, and they are enjoying learning – what a fantastic start!"

Bidh oifigear dràma Fèisean nan Gàidheal, Aonghas MacLeòid, a' lìbhrigeadh **Sporan** gach bliadhna do sgoiltean thairis air seachdain no deich latha, tràth sa bhliadhna sgoile. Tha na sgoiltean mar as trice sa Ghàidhealtachd agus iad ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Bidh na seiseanan seo a' cleachdadh chleasan stèidhichte air dràma gus a' chlann a thoirt an lùib a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig. Am-bliadhna, chaidh an cothrom a thabhann do sgoiltean Blasad Gàidhlig a bha taobh a-staigh uair a thìde gu leth bho Inbhir Nis agus thadhail Aonghas air cuid de sgoiltean tro sheachdain Fèis Bhlas gus am brosnachadh aig ìre thràth gus ceangal a thogail le bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 09/10/25

Ùghdar: Ruairidh MacAoidh, Oifigear Taic Gàidhlig 1+2